

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 58 • Am Màrt 2016 • March 2016

TIME TO SECURE A PLACE AT GAELIC DRAMA SUMMER SCHOOL



Tha an Sgoil Shamhraidh Dhràma a' toirt cothrom air leth do dheugairean le Gàidhlig a tha airson an cuid sgilean a leasachadh gus cleasachd a dhèanamh air an àrd-ùrlar agus air beulaibh a' chamara.

Stèidhte ann am Port Rìgh, - san Eilean Sgitheanach, thèid an sgoil-còmhnaidh a chumail eadar Diluain 4 agus Disathairne 16 Iuchar 2016. Tha an Sgoil fosgailte do dheugairean le Gàidhlig eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois aig a bheil ùidh ann an dràma. Chan eil eòlas air dràma no cleasachd riatanach gus pàirt a ghabhail anns an Sgoil Shamhraidh Dhràma.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' gabhail ri iarrtasan an-dràsta fhèin agus tha tuilleadh fiosrachaidh agus foirm-iarrtais na Sgoile ri fhaotainn air an duilleag-lìn a leanas: www.feisean.org/ssd

Tha an Sgoil Shamhraidh Dhràma a' faotainn taic bho Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Earra-Ghàidheal 's Bhòid

Fèisean nan Gàidheal's Gaelic Drama Summer School provides an excellent platform for teenagers with Gaelic interested in developing acting skills for stage and screen.

Based in Portree on the Isle of Skye, the residential school will take place between Monday 4th and Saturday 16th of July 2016. The school is open to teenagers with Gaelic between 14 and 18 years of age with an interest in drama. No previous drama or acting experience is necessary to apply.

Fèisean nan Gàidheal are currently accepting applications and more information about the Gaelic Drama Summer School and a link to the application form can be found on the following webpage: www.feisean.org/ssd

The Gaelic Drama Summer School is supported by The Scottish Government, Bòrd na Gàidhlig, Creative Scotland, Highlands and Islands Enterprise, The Highland Council, Comhairle nan Eilean Siar and Argyll and Bute Council.



An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2016 ..	1
Tasgadh Grants	1
Fèis Inbhir Narainn	2
Fèis na h-Òige	2
Trèanadh Luchd-teagaisg 2016	3
BBC Consultation	3
Gaelic Language Lessons	3
Còig Latha 2016	4
Trèanadh do Luchd-obrach	4
Staff changes	4



FUNDS FOR TRAD ARTS

Tha an sgeama Tasgadh, a chaidh a chruthachadh airson tabhartasan beaga a thoirt seachad gus taic a chumail ris na h-ealain thraidiseanta, air tighinn gu ceann airson 2015-16. Coltach ri iomadh sgeama de leithid bha iarrtasan ann airson fad a bharrachd den mhaoin san stòras ach chaidh taic a chumail ri 64 pròiseactan.

£31,500 was available in the financial year 2015-16 through the Tasgadh Traditional Arts Small Grants scheme, designed to be fast turnaround and 'light touch'.

Over the year there were three deadlines for applications. A panel was invited to assess and advise on Tasgadh grants. Minutes from the meetings of the panel along with all decisions on grants are available on our website at feisean.org/tasgadh.

116 applications were received seeking funding of £113,155. 64 grants were approved totalling £31,500, with the breakdown as follows: Traditional Music - 43, Traditional Dance - 4, Traditional Storytelling - 9 and Multi (more than one of the qualifying art forms) - 8.

We await a decision from Creative Scotland as to whether Tasgadh will continue in 2016-17.

FÈIS INBHIR NARAINN HOSTS FANTASTIC PIPING DAY



Fèis Inbhir Narainn were delighted to welcome twenty-six children along to their first Latha Piobaireachd on 27th February. The piping instructors for the day were Gold Medallist Donald MacPhee, local schools piping tutor Jim MacGregor and F.I.N.'s weekly class tutor Brian Yates.

Instruction was split into Novice, Intermediate and Advanced and also included a unique reed-making demonstration by Donald.

The day concluded with a well-attended evening piping recital by Donald who was joined by all of the participants. The project was funded through the Fèisean nan Gàidheal Development Fund.

FÈIS AN IAR THUATH CELEBRATE SUCCESS OF ANNUAL EVENT



Tha Fèis an Iar Thuath a' dèanamh subhachais às dèidh fèis shoirbheachail eile le dà latha loma-làn ciùil, drama is fealla-dhà ann an Sgobhairigh ann an Iar Thuath na h-Alba. Thairis air dà latha sa Ghearran chaidh an fhèis a chumail le cha mhòr 40 clann a' gabhail pàirt ann am bùthan-obrach.

Fèis an Iar Thuath are celebrating another successful annual Fèis in Scourie in north-west Sutherland.

The Fèis was held over two days in February and attracted nearly 40 children to workshops in percussion, fiddle, guitar, accordion, tin whistle, drama and groupwork. A Fèis Bheag or 'Wee Fèis' meanwhile gave younger children the opportunity to join in the fun with sessions in music, singing, drama and art.

The Fèis cèilidh was well attended and supported by the community and top class music from the tutors provided everyone with an opportunity for a dance. Finally the Fèis came to a close with an informal concert where participants showed parents and families their new skills, including a special performance from the Fèis Bheag children.

Fèis an Iar Thuath are now looking forward to a series of percussion and drama workshops in Scourie this spring. You can find out more about these and all Fèis an Iar Thuath events at www.feisean.org/event/feis-an-iar-thuath.

NEW PROJECTS AT FÈIS NA H-ÒIGE

Fèis na h-Òige have had a busy start to the new year with the launch of two new projects in January (Club-G and Taigh an Dualchais) and the expansion of their Saturday workshop programme.

The Saturday workshops include a range of instrumental classes, Gaelic song, groupwork and a very successful Fèis Bheag. Club-G also runs on a monthly basis and allows children who are participating in local mods and music festivals to access advice and tuition to help them learn the required material for their competitions. This is particularly useful for children who don't have Gaelic at home.

Taigh an Dualchais is a project which connects Fèis participants with the older generation. Singers from Fèis na h-Òige have been entertaining some of the residents in local Care Homes and are now embarking on a series of visits to these same Care Homes to chat to Gaelic-speaking residents.

We are looking forward to hearing what the children learn from these visits. The material collected will be archived and if appropriate used as a resource for the Fèis 'Seinn' group led by Karen Oakley.

Fèis na h-Òige's main Fèis week will take place at Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis from Monday 4th to Friday 8th July. For more information email feisnaoige@feisean.org



FÈIS AN EARRAICH

4 - 8 Giblean 2016

Tha Fèis an Earraich gu bhith air ais sa Phloc am bliadhna le beartas de luchd-teagaisg a tha ainmeil airson a bhith a' cluich ann am buidhnean-ciùil clùiteach, le Angus MacKenzie (Dàimh), Ewan Robertson agus Megan Henderson (Breabach) agus Ewen Henderson (Battlefield Band agus MÀNran) nam measg.

Fèis an Earraich will be returning to Plockton this year with a host of well-known tutors from successful bands such as Angus MacKenzie (Dàimh), Ewan Robertson and Megan Henderson (Battlefield Band and MÀNran). Participants will be offered tuition in a wide range of instruments as well as dancing, music sessions, shinty, singing, Gaelic Drama and arts & crafts.

Ceilear will be running a cèilidh trail across the Isle of Skye and Lochalsh again this year and will be searching for musicians to audition on Wednesday 6 April.

For more information about Fèis an Earraich or Ceilear, please contact Kirsteen Graham on feisannearraich@gmail.com.

FÈIS TAIGH DHONNCHAIDH

11 - 15 Giblean 2016

Bidh Fèis Taigh Dhonnchaidh a' gabhail àite tro shaor-làithean na Càisge. Gheibh na compàirtichean cothrom iomadach ionnsramaid ionnsachadh, a' caitheamh leth-uair a thìde anns gach clas agus feasgar gabhaidh iad pàirt ann an dràma agus seinn. Bidh iad cuideachd a' dèanamh dannsa Gàidhealach agus a' cruthachadh rudan ann an clas ealain.

Thèid consairt a chumail air Disathairne 16 Giblean far an tèid sgilean ùra na cloinne a thaisbeanadh air beulaibh an teaghlach agus na coimhearsnachd.

Fèis Taigh Dhonnchaidh will be taking place during the Easter holidays. Participants will get the chance to learn a multitude of different instruments, spending half an hour in each class each day and in the afternoon they will work on drama and singing. They will also be doing Highland dancing and creating arts and crafts.

There will be a children's concert on Saturday 16 April where the participants will showcase their new skills in front of their families and the community.

For more information about Fèis Taigh Dhonnchaidh, please get in touch with Mary Duff on duff865@btinternet.com

LUCHD-TEAGAISG AIR AN TRÈANADH AIRSON OBAIR NAM FÈISEAN



Air Disathairne 20 Gearran chaidh trèanadh luchd-teagaisg a chumail aig Sabhal Mòr Ostaig.

Bha Mhàiri Hall air làimh airson trèanadh a libhrigeadh, agus i a' bruidhinn mun eòlas aice fhèin air a bhith a' teagasg aig Fèis agus dè thachair nuair fhuair i a' chiad chuireadh gu bhith teagasg aig Fèis, dè am fiosrachadh a bha a dhith oirre, dè an t-ullachadh a bh' aice ri dhèanamh agus gnothaichean eile den t-seòrsa seo.

Fhuair iad trèanadh ann an dìon cloinne le Gillian Pincock. Bha seisean goirid ann còmhla ri Ruairidh Greumach, a bha a' sealltainn dhaibh geamannan Gàidhlig a b' urrainn dhaibh a chleachdadh anns na clasaichean. Thàinig Rae NicEachairne a-steach airson bruidhinn riutha air smachd a chumail air clasaichean agus a bhith a' cumail ùidh na cloinne. Bha i fhèin agus Mhàiri ag obair còmhla agus a' freagairt cheistean a bh' aig na compàirtichean mun chuspair agus gam brosnachadh gu bhith a' freagairt cheistean air dè dhèanadh iad ann an suidheachaidhean eadar-dhealaichte. Dh'fhalbh iad an uair sin airson seiseanan Gàidhlig còmhla ri Ruairidh Greumach agus Màiri Sìne Chaimbeul.

Fhuair iad fios mu na Fèisean san roinn aca fhèin agus ann an Duaisean Ealain bho Shona Nic a' Mhaoilein. Bhathar den bheachd gum biodh seo feumail nam biodh iad a' teagasg aig Fèis no a' gabhail pàirt ann an cèilidh air chuairt. Thàinig cùisean gu crìoch le seisean ciùil shuas san talla mhòr, leis an duine a bha a' trèanadh an làthair agus cuid de dh'oileanaich eile a thàinig len cuid ionnsramaidean agus guthan seinn.

On Saturday 20th January, Fèisean nan Gàidheal's tutor training was held in Sabhal Mòr Ostaig. Professional musician Mhairi Hall was on hand to deliver the training, speaking about her own experience of teaching at Fèisean and what information she was given before the Fèis started and what preparations she had to make. They were asked to split up into pairs to teach one another a tune on their instrument, which the other had never picked up before. This showed them how difficult it was to teach and also reminded them of what it was like when they first started learning.

A session in child protection was delivered by Gillian Pincock. Ruairidh Graham taught them a variety of Gaelic games which they could use during classes in downtime. Rae MacEachern came in to speak to the participants about class control and how to keep children's attention. She and Mhairi worked together and answered questions on what to do in various situations. Gaelic sessions were then delivered both to the fluent speakers and the learners by Ruairidh Graham and Màiri Sìne Campbell.

Shona Macmillan from Fèisean nan Gàidheal provided information about the Fèisean in their own area and also about Arts Awards, which could be achieved by teaching at a Fèis or taking part in a cèilidh trail. To round off the training day there was a music session held in the Talla Mhòr where all the participants played music together and invited the students on the music course at the college to come along and join them.

For more information about future training, please get in touch with Shona Macmillan on shona@feisean.org.

GAELIC LANGUAGE LESSONS

As dèidh àm na Càisge, bidh luchd-oideachaidh a' dol air feadh sgoiltean ann an Siorrachd Àir an Ear is na h-Eaglaise Brice. Bidh luchd-ciùil Murray Willis agus Linda NicLeòid a' libhrigeadh leasan fad deich seachdainean le òrain is geamannan, a' toirt taic don luchd-teagaisg is do na sgoilearan fhèin. Thàinig Murray is Linda gu Inbhir Nis airson molaidhean is stuth trèanaidh fhaighinn bho luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is thug iad leasan seachad do sgoilearan aig Bun-sgoil a' Mheadhain.

Nuair a thig na deich seachdainean gu ceann ann an Siorrachd Àir an Ear, thèid cèilidh a chumail far am bi clann às na trì sgoiltean a' cruinneachadh ri chèile ann an Talla Baile Chille Mheàrnaig.

Fèisgoil rolls out a programme of Gaelic language lessons in primary schools throughout East Ayrshire and Falkirk as soon as the easter holidays are over. Murray Willis and Linda Macleod will be delivering these fun, interactive sessions, supporting both the teachers and the children with their language learning.

BBC CONSULTATION

Chuir Cathraiche Fèisean nan Gàidheal, Donnchadh MacGuaire, pàipear air adhart don cho-chomhairle aig a' BhBC mu BBC Alba agus Radio nan Gàidheal san Fhaoilleach. Tha luach da-riribh san dà sheirbheis ach tha e follaiseach, cuideachd, gu bheil uireasbhaidhean annta a ghabhadh a leasachadh le maoin a bharrachd.

In January 2016, Fèisean nan Gàidheal submitted a response to the BBC Consultation on Nations' Radio, BBC Alba and News and Current Affairs on TV and Online in the Devolved Nations.

In the response Fèisean nan Gàidheal Chair, Duncan MacQuarrie, offered the view that within their limited resources both BBC Alba and Radio nan Gàidheal generally deliver good value for money and provide, in the main, very good programmes with some examples of excellence. However, limited financial resources severely constrain development and require much enhancement. Improvements are required in scheduling for pre-five children; the introduction of Gaelic language sub-titles; a reduction of the excessive use of English language in sub-titles and oral contributions; the provision of new broadcast material and the consequent reduction of repeat programmes.

It is Fèisean nan Gàidheal's view that the Gaelic community values the output from both BBC Alba and BBC Radio nan Gàidheal. Weaknesses in the service, directly attributable to a lack of resources, could be resolved by the allocation of additional finance to both services, a commitment we called for in an earlier submission to the consultation on the BBC's next Royal Charter.

TAC AN TEINE SINGALONG



Tac an Teine aims to encourage Gaelic singing and provide opportunities for singers to sing in a relaxed environment. The sessions are open to all ages with a range of traditional and newer songs been sung. They are held at The Glen Mhor Hotel, Inverness between 2-4pm. The next sessions will be on Saturday 2nd April and Saturday 7th May.

CÒIG LATHA 2016 READY TO TAKE TO THE CROFT



Tha Fèisean nan Gàidheal a' coimhead air adhart ri 5 Latha 2016 a bhios a' gabhail àite a-rithist am-bliadhna aig Na Gearrannan, Eilean Leòdhais eadar 4 agus 9 Giblean.

Tha taghadh farsaing de chur seachadan air a chur air dòigh dha na com-pàirtichean am bliadhna 's iad gu bhith trang ag ionnsachadh agus a' gabhail pàirt ann an grunn dhiofar ghniomhan eadar croitearachd, còcaireachd, obair a' Chlò Hearaich agus iasgach a bharrachd air a bhith an sàs ann an ceòl is òrain.

Seo an còigeamh bliadhna den tachartas còmhnaidh seo, a tha fosgailte do chlann àrd-sgoile aig a bheil a' Ghàidhlig. Le bhith a' fuireach ann an coimhearsnachd mar na Gearrannan tha com-pàirtichean a' faighinn cothrom a dhol a-mach am measg dhaoine gu h-ionadail agus a' leasachadh agus a' neartachadh nan sgilean cànan aca, a bharrachd air a bhith ag ionnsachadh mu obair dhaoine agus a' togail sgilean ùra tron t-seachdain.

This year's 5 Latha event will take place between 4-9 April at The Gearrannan Blackhouses in Carloway, Isle of Lewis.

Participants will have the opportunity to take part in a range of different activities and workshops as part of this year's programme from learning about crofting, weaving, fishing and tradition cookery to learning songs and traditional music of the area.

The annual 5 Latha Cèilidh will be held in Carloway Community Centre on Friday 8th April at 730pm; featuring participants, 5 Latha tutors Norrie Maciver and Ellen Macdonald and local artists. For more information about this ceilidh and 5 Latha please contact Calum Alex Macmillan on 01463 225559 or calum@feisean.org.

IS FHÈARR A BHITH A DHÌTH A CHINN NA BHITH A DHÌTH AN FHASAIN!



Tha sgioba Fèisean nan Gàidheal air a bhith trang am-bliadhna ag ionnsachadh abairtean agus seanfhaclan Gàidhlig bho Iain Urchadan. Tha sinn cuideachd air a bhith ag ionnsachadh mu làimhseachadh camara bho Gordon Willoughby agus camara bhidio bho Alasdair R MacGilleathain. Coma leinn an abairt, *B' eòlach mo sheanar air!* Tha an trèanadh feumail airson dealbhan a ghabhail aig tachartasan airson ùrachadh a dhèanamh air an làrach-lìn, Facebook agus bhidiothan YouTube.

Fèisean nan Gàidheal staff have been catching up on Gàidhlig training at the start of this year with John D Urquhart. We have been learning lots of proverbs and have put them to good use. Other training sessions included using Video Cameras with Alasdair R MacLean and using Digital Cameras with Gordon Willoughby.

SORAIDH SLÀN LE VICKY ...

Dh'fhàg Vicky Niclleathain a dreuchd mar Oifigear Leasachaidh le Fèisean nan Gàidheal aig deireadh an Fhaoillich airson obair ùr a ghabhail os làimh le Riaghaltas na h-Alba, stèidhichte san Òban.

Bha Vicky cuide ri Fèisean nan Gàidheal fad còrr is trì bliadhna. San ùine sin bha i a' cumail taic ri Fèisean Earra-Ghàidheal agus Loch Abar ag obair eadar Furan, ionad Gàidhlig an Òbain, agus oifis ùr ann am Bun-sgoil Ghàidhlig a' Ghearsdain. Bha sgilean camara air Vicky, a thog i tro a h-obair còmhla ris a' BhBC, agus bhiodh i cuideachd a' toirt taic do dh'Fhèisean agus sgoiltean filmichean a dhèanamh airson a leithid FilmG.

Tha sinn a' guidhe gach soirbheas do Vicky na dreuchd ùr agus an dòchas gum bi i fhathast deònach a dhol an sàs ann an obair nam Fèisean san àm ri teachd.

Our Argyll and Lochaber Development Officer, Vicky MacLean, left Fèisean nan Gàidheal at the end of January to take up a new post with the Scottish Government, based in Oban. Vicky was with us for more than three years and supported many Fèis initiatives, including the re-establishment of Fèis Mhuile. We wish Vicky well in her new post and hope she will continue to be involved with the Fèisean in other ways.

... AGUS FÀILTE AIR ROWAN

Rowan Paterson will take up a new post as Development Officer from the beginning on April for an initial period of six months. Rowan came to Fèisean nan Gàidheal in December 2014 on a ScotGrad Placement, working primarily on marketing, and we are delighted she will remain with Fèisean nan Gàidheal in this new role.

Tha e daonnan na thoilteachas nuair a thèid againn air obair a thoirt do neach òg a tha air tighinn don sgioba air greis obrach. B' ann mar sin a thàinig Rowan NicPheadrais gu Fèisean nan Gàidheal agus tha sinn gu math toilichte gu bheil i gu bhith a' fuireach còmhla rinn nas fhaide a' gabhail obair os làimh mar Oifigear Leasachaidh. Bidh Rowan stèidhichte ann an Inbhir Nis an-dràsta ach a' coimhead ri feumalachdan nam Fèisean ann an sgioba Loch Abar agus Earra-Ghàidheal.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org